

Murt




Bha murt a' tachairt tric, ach cha tèid am murt a thachair ann an Gleann Comhann ann an 1692 à cuimhne gu bràth. Tha an gleann ann an ceann a tuath Siorrachd Earra Ghàidheal. B' ann an seo sa Ghearran 1692 a chaidh 37 de Chlann MhicDhòmhnaill a mhurt le buidheann de shaighdearan Caimbeulach a bha nan **aoighean** sna dachaighean aca.

Bha òrdugh air a dhol a-mach bho Rìgh Uilleam III gu na cinn-cinnidh Ghàidhealach gum bu chòir dhaibh bòid dìlseachd dha a ghabhail ro 1 Faoilleach 1692.

Le mearachd, bha MacDhòmhnaill Ghleann Comhann fada gun ruighinn agus cha d' fhuair e air a' **bhòid dìlseachd** don Rìgh a ghabhail.

Chuir seo **fearg** air an Rìgh agus **mhol** Sir Iain Dalrymple, Iarla Stair, don Rìgh Clann MhicDhòmhnaill a **sgrios** air sgàth 's gun robh iad **eas-umhail** dha. Dh'aontaich an Rìgh.

Sir Iain Dalrymple





Chaidh iarraidh air na Caimbeulaich, a bha riamh nan **naimhdean** do Chlann Dòmhnaill, an gnìomh seo a dhèanamh agus bha aca ri gach neach fo 70 bliadhna a mharbhadh.

Bha na Caimbeulaich a' fuireach aig na Dòmhnullaich, agus an dèidh seachdain san robh iad càirdeil, mas fhìor, dh'èirich iad an aghaidh an luchd-aoigheachd **agus mhurt iad iad.**

Clann Dòmhnaill

Bhàsaich mu 37 de na Dòmhnullaich, an **ceann-cinnidh** Alasdair, ris an cante Maclain, nam measg. Ach, fhuair cuid de na Dòmhnullaich air teicheadh agus dh'inns iad mun mhurt do **chinnidhean** eile.



Carragh-chuimhne
Murt Ghleann Comhainn

